


Càisg Timcheall an t-Saoghail




Astràilia

Ann an Astràilia tha bilby Càisg aca
an àite rabaid Càisg.

Ithidh iad bilby teòclaid
a' bharrachd air rabaidean teòclaid.

Tha rabaidean air am faicinn mar
phlàigh ann an Astràilia.





A Phèlainn

Air Diluain na Càisge bidh balaich a' ruith timcheall nan sràidean a' crathadh uisge neo cùbhrachd air nigheanan.


Thatтар a' toirt basgaidean bìdh don eaglais airson am beannachadh.

Air Latha Didòmhnaich na Càisge tha iad ag ithe cèic ann an cumadh uan a' samhlachadh Chrìosd agus tha iad cuideach ag ithe uighean.

Tha uighean Càisg aca air am peantadh le samhlaidhean earrach agus mathas. 'Se 'pisanki' a chanar ri na h-uighean seo.



Alba




Ann an Alba, tha co-fharpaisean
aca airson a bhith a' roiligeadh
uighean.

Tha uighean air am bruic agus an
uairsin air am peantadh.

Tha clann a' roiligeadh nan
uighean sìos na cnuic. Buanaichidh
a neach leis a bheil an t-ugh
a' roiligeas nas fhaide na càch.

Tha roiligeadh nan uighean
a' samhlachadh a' chlach air a
roiligeadh air falbh bhon uaigh
aig ìosa.



Bermiùda

Ann am Bermiùda, tha daoine ri
sgèith itealagan a' samhlachadh
aiseirigh Chriosda.




Photo courtesy of mr.bologna (@flickr.com) - granted under creative commons licence – attribution



A' Ghearmailt



Anns A' Ghearmailt, tha
craobhan ugh Càisg aca ris
an canar 'Ostereierbaum'.

Photo courtesy of waitscm (@flickr.com) - granted under creative commons licence – attribution



An Spàinn

Bidh clann a' toirt duilleagan pailm don eaglais air Sàbaid Shlat-phailme. Tha daoine a' sgeadachadh nan geugan le flùraichean.

Air Diciadain na Luathadh, tha crois luath a' dol air clàr-aodainn dhaoine a' ràdh ri Dia gu bheil iad duilich airson na rudan crosta a' rinn iad.


Tha parèidean cuideach 'san Spàinn le còmhlanais caisimeachd agus 'pasos' neo rìgh-chathriclean a' mìneachadh stòiridh na Càisge. Tha na parèidean air an leantainn le daoine sgeadaichte le cleòcan a' sreachadh maitheanas bho Dhia.

Anns an Spàinn, bidh balaich agus nigheanan a' bualadh dhrumaichean ann an parèid eaglais.

Tha parèidean cuideach 'san Spàinn le còmhlanais caisimeachd agus 'pasos' neo rìgh-chathriclean a' mìneachadh stòiridh na Càisge. Tha na parèidean air an leantainn le daoine sgeadaichte le cleòcan a' sreachadh maitheanas bho Dhia.



Photo courtesy of waitscm (@flickr.com) - granted under creative commons licence – attribution




Stataean Aonaithe Ameireaga

Tha cuirm roiligeadh uighean Càisg air a chumail gach bliadhna aig an Taigh Gheal ann an Washington DC, SAA.

Tha clann a' putadh uighean a th'air am peantadh tron fheur le spàinnean fada.



Anns na bliadhnaichean mu dheireadh tha daoine ainmeil air tionndadh suas mar dhibhearsain don chloinn!



An Eadailt

Anns an Ròimh, 'san Eadailt, tha am Pàpa a' glanadh casan dusan fhireannach aig ath-achdachadh den t-Suipear Deireannach air Diardaoin na Bangaid.



Air Dihaoine na Ceusta, tha tòrr dhaoine a' cruinneachadh aig 5f aig Basilica an Naoimh Pheadair a dh'èisteachd ri aifreann na Pàpa. Tha am Pàpa a' dol air chuairt laiste le coinnlean mar chuimhneachan air Crìosda.



A' Ghrèig



Tha fèis na Càisg a' tùiseachadh ron Chàisg.

Air Diardaoin na Bangaid tha aran Càisg air fhuine agus tha uighean air an dath dearg mar shamhla de dh'fhuil Chriosda.

Air Disathairne na Càisge, tha daoine a' dol gu aifreann aig meadhan oidhche far a bheil iad a' toirt leotha coinneal airson a' lasadh bho Lasair Càisg na h-eaglais.

Tha daoine a' cuir seachad Didòmhnaich na Càisge còmhla ri teaghlaich agus caraidean a' gabhail biadh de dh'uan ròsta.



twinkl